



a'

RB. S. 1143

Don

Ridaire Ueanach
Iain Mac Ghraigair
Triath Lanraig Bochmider
Sean Cinnich

Skioll Kilpait
etc. etc. etc.

MacShaoir Chiolaca
A Deadh Chomair,
Bho

Donnacha Cleireach
1816.

the world
transcendentalism,
spiritualism, etc.
and the
present crisis.
What do you think
of the
present crisis?

LAOIDHE SPIORADAIL,

LE

DUGHALL BOCHANNAN.

Gabhadh focal Chriosd comhnuidh annaibh gu saidbhír san uile ghliocas; a teagasc agus a' comhairleachadh a cheile le salmaibh, agus laoidhibh, agus danaibh spioradail a' deanamh ciuil do'n Tighearna le gras ann bhur croidheachaibh.—COL. iii. 16.



INBHIRNEIS :


CLODH-BHUAILTE AGUS R'AN REIC LE EOIN YOUNG

1811.



D 17.6.83

LAOIDHE SPIORADAIL.



MORDHACHD DHE.

CREUD e Dia, no creud e Ainm ?
Cha tuig na h Aingle 's àird 'n gloir ;
Tha e 'n solus dealrach foluicht uath,
Far nach ruig sùil na smuain na chòir.

Uaith fein ata a Bhith ag sruth ;
Neimh-chruthaichte ta uile Bhuai'bh ;
Neimh-chriochnaicht 'n an nadur fein ;
'S fein-dhiongmhalta ga 'n cumail suas.

Cha raibh e òg is sean cha bhì ;
O shìor' gu sior gun chaochladh staid ;
Cha tomhais Grian no Gealach aois ;
Oir 's nithe caochlach iad air fad.

'N uair thaisbeanas e ghlòir no ghràs.
Bidh là neimh bhàsmhur teachd o shùil ;
'S grad chuiridh sluagh nan neamhadh ard
Le 'n sgiathaibh sgàile air an gnùis.

'S mu thaisbeanas e ghnùis an gruaim,
Grad sgaoilidh uamhunn feadh nan spèur ;
Roimh' achmhasansa teichidh 'n cuan,
'S le geillt-chrith gluaisidh 'n cruinne cê.

Ta oibre nàduir searg 's a fàs,
O chaochladh 'tà'id gu caochladh rith :
Ach uile thionnsg'ans 'tà'd 'nan aon,
Gun traogh no lionadh air a Bhith.

'Ta aingle 's daoin do neo-nì dlù ;
A' bhrù o'n d'thainig sinn gu lèir,
Ach iomlaineachd o shìorrui'chd ta,
Neimh-çhriochanach 'na nàdur fèin.

'N uair chualadh Neimh-ni guth a bheil,
Ghrad leum na bith a chruitheachd mhòr,
An cruinne so le uile làn,
'Sna neamhadh àrd le'n uile shlòigh.

'N sin dh' fheuch air oibrichibh gu lèir,
'S gach crèutair, bheannuich e 'nan staid,
S cha d' fheum ath-leasachadh air nì,
A measg a ghnìomhara air fad.

Air clar a dhearn tha dol mu'n cuairt
Gach reult a ghluaiseas ann san speur ;
An cruthach gu leir tha 'stigh 'na ghlaic,
S a deanamh thaic da ghairdean treun.

Cia chuartuicheas do Bhith a Dhe !
An Doimhne shluig gach rèusan suas ;
'Nan aoiripibh tha aingle 's daoin
Mar shligibh maoraich glacadh chuain.


O bhithbhuantachd tha thusa a' d' Rìogh,
 'S ni bheil san t saogh 'ls ach nì o'n dè ;
 O 's beag an eachdruidh chualas diot,
 'S cha mhòr do d' ghnìomh ata fuidh'n ghrein.

Ge d' thionndadh ghrian gu neo-nì rìs,
 S gach ni fa chuairt a soluis mhòir ;
 'S co beag bhiodh d' oibre 'g iunndrain uath,
 S bhiodh'n cuan ag iunndrain sileadh mheòir.

An cruthach cha deun le uile ghloir,
 Lan-fhoillseachadh air Dia nam feart,
 Cha 'n 'eil 's na h oibre ud gu leir,
 Ach taisbein éarlais air a neart.

L'er tuigse thana 's diomhain duinn
 Bhi sgrudadh chuain ata gun chrioch ;
 An litir 's lugha dh' ainm ar Dè,
 Is tuille 's luchd da 'r rèusan ì.

Oir ni bheil dadum cosmhuil riot
 Am measg na chruthaich thu gu lèir,
 'Sa measg nan daoine ni bheil cainnt
 A labhras d' ainm ach d'fhocal fèin.



FULANGAS CHRIOSD.

'SE fulangas mo shlànai fhear
 Do bhios mo Dhàn a' luaidh,
 Mor-irioslachd an àrd-Riogh sin
 Na bhreith 's na bhàs ro chruaidh,

'Se 'n t iongantas bu mhìorbhuilich
 Chuaidh innseadh riamh do shluagh ;
 An Dia bha ann o shìorruidheachd,
 Bhi fas na chìochron truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h òigh' e ;
 Le còmhnadh Spioraid De,
 Chum an Nadur Daonna sin,
 A dheanamh aon ris fein ;
 Ghabh e sgàil mu Dhiadhuigheachd ;
 'S don BHRIATHAR dhearnadh feòil,
 Is dh' fhoillsich' an rùn diamhair sin,
 A'm pearsa Chriosd le glòir.

Rugadh 'n stàball dìblidh e,
 Mar dhìlleachdan gun treòir ;
 Gun neach a dheanadh càirdeas ris,
 No bheireadh fàrdoch dho,
 Gun mhuinntir bhi 'ga fhriothaladh,
 Na uidheam mar bu còir ;
 Ach eich is daimh ga chuairteachadh
 D' an dual gach uile ghlòir.

Mu'n gann bha fios gu'n d' thàinig e,
 Do dhuisg' dha nàimhde mòr :
 B' éidir teich' don Ephaid leis,
 Roimh Herod bh'air a thòir,
 Is e co naimhdeil dioghaltach
 Chum Iosa chur gu bàs ;
 'Sur mharbhadh leis gach ciòcharan
 A bha na riogh'chd gun dàil.

Bha tuill aig na sionnachaibh
 Ga'm falachadh o theinn,
 Bha neid aig na h èunlaithe
 Ann gèuga àrd na'n crann ;
 Ach eisean do rinn uile iad,
 'S gach ni sa' chruinne chè,
 Bha e fein na fhògarach,
 Gun chòmhnuidh aig fuidh 'n ghrèin.

Am feadh 'sa ghabh an Slànui-fhear
 Mar ionad tàmh an saogh'l.
 Mar lèigh ro iochdmhar fabharach
 Bha leigheas clann nan daoin :
 'N aon èugail riamh bu ghàbhuidh bh'ann,
 'S gach galar cràiteach gèur,
 Do thionndadh e chum slanuchadh
 'N uair làbhradh e o bhèul.

Thug teanga do no balbhanaibh,
 'S don bhacach mhall a lùgh,
 Do 'n bhodhar thug se chlàistineachd,
 'S do dhaoine dall an iùl,
 Na lobhair bhreun do għlanadh leis,
 Cur fallaineachd nam feòil :
 Is leighis gach èugail anama e,
 'S na mairbh do thug se bedò.

Do shearmonaicheadh an soisgeul leis,
 Do dhaoine bochda truagh ;
 Is gheall e saorsa shìorruidh dhoibh
 Bha 'n glais faoi chìs ro chruaidh :

Na'n gaibhte ris an fhìrinn leo,
 Le creidimh fiorgħlan beò,
 'S gu 'm biodh iad air an īompuchadh
 'O għniomħaraibh na feòl.

Lean buidheann tur don fhàsach e,
 Is dh'fhan tri la na chòir,
 Cuig mile bha do dh'aireamh ann
 Bh'air fàilneachadh chion lòin :
 'N ro bheagan fhuair iad, bheannuich e
 'N da iasg 's cuig arain eòrn,
 'S do itheahd ach gur shàsuich iad
 Is dh' fhàg iad ni bu leòir.

Do chaisgeadh anfadhb cuaine leis,
 'S a tonnad uaiħbreach mòr,
 A' għaoth ro laidir bhuaidhreasach,
 Do chuairtich e na dhòrn :
 Ach aithris air gach miorbhuile,
 Rinn Iosa ann san fheòil,
 Cha chumadh 'n saoghal do sgrìbhinnibh,
 Na dh' innseadh e gu leòir.

Ach 'n uair bha 'n tam a' dlùthach ris
 Gu'n siùbħlađh e chum glòir,
 Ghairm e thuige dheiscobuil,
 Is dheasuich e dhoibh lòn ;
 Chuir e sios nan suidhe iad
 'S gach uidheam air a bhord ;
 Aran 's fion do riaruich orr'
 Bha ciallach fhuil is fheòil.

Thug e sin mar ordugh dhoibh
 Bhi 'n comhnuidh ac gu bràth,
 A dh' fhoillseachadh inhор-fhulangais,
 Do dh' fhuilic air an sgà ;
 Gu 'n itheadh is gu 'n òladh iad
 Do dh' fheartaibh mor a ghràidh,
 'S gu 'm bitheadh e mar chuimhne,
 Aig a mhuinntir air a bhàs.

'N uair thainig chum a ghàraidh e,
 Do bhi a chradh ro mhor ;
 'N uair fhuair e 'n cupan feirge sin,
 Bha oillteil searbh r'a òl,
 Air ghoil bha chuisle craobhachsan
 Tre chorp ro naomh 'ga fhàsg ;
 Na fhollas fola braonadh 'mach
 Tre aodach air an lär.

'N sin thnit e air a ghlùinibh sios
 Ag deanamh ùrnuigh ghèur,
 " Athair chacmh ma's comas e
 " An deoch so cuir uam fèin ;
 " Ach so a' chrioch mun d' thàinig mi,
 " Gu 'n sàbhalain mo thrèud,
 " Mar sin ni iarram fàbhor, ach
 " Do thoil gu bràth bhi deunt."

Be sud an cupan uamhunnach,
 Do fhuair e ann 'na làimh ;
 Peacadh 'n t saoghail go chuaирteachadh
 'S gach duais a bhuiteadh dhà,

Na dh'fhuil' geadh'n saoghal gu sìorruidheachd
 Do phiàntaibh is do chràdh,
 Chuaidh sud a leagadh còmhlaadh air,
 'S an deoch ud dh' òl nan àit.

B'e 'n Diabh'l à shealbhuich Iùdas sin,
 Le chriodhe dùbailt' fiar ;
 An cealgoir sanntach lùbach ùd,
 A chuir dubh-chùl re Dia :
 An troiteir reic e Shlànai'fhear,
 'S a mhaighsdir gràdhach fein,
 Is bhrath da naimhde bàsimhur e,
 Fuidh chàirdeas pôg a bheul.

An sin do rinn iad prìosanach
 Do dh' Iosa gu'n chionfadh,
 Is thug iad dh' ionnsuidh Phìlat e,
 Gu 'n dìteadh e chum bas :
 Do dhìt am breitheámh èucorach-
 Le fiadhuis bhrèig an Tì,
 Bha choguis fein ag innseadh dha
 Bhi dìthchiontach is fìor.

Do cheángail agus sgiùrs' iad e.
 Le buillibh drùiteach geur,
 An fheoil o'n chnaimh do rùisgeadh leo
 Na meallaibh brùit gu leir,
 A chorp ro naomh do mhilleadh leo.
 'S a chreuchda sileadh sìos ;
 An fhuil le'r cheannachadh 'n saoghal so-
 Gun sgaoinn bhi dhith na prìs.

Do rinneadh crùn don sgitheach leo,
 S do dfhith iad e gu teann,
 Chur tuille pian is nàire air,
 Do spàrr iad e mu cheann ;
 'Na cheann a steach do bhuaileadh leo
 Na bioradh cruaidh ro gheur,
 Is aghuidh ghloirmhor d' fholaich iad
 Le 'n seleabh salach breun.

'N uair chuir iad an crun nàrach air,
 Ro chràiteach goirt do bhì,
 Do sgeudaich iad le sgarlaid e
 'S chuir colbh 'na laimh mar Rì
 Is labhair iad gu sgallaiseach
 A' fanoid air an Tì,
 Faillte Riogh nan Iùdhach dhuit,
 Le 'n glùn ga chromadh sìos.

Le 'm foirneart mhoir do èigneich e
 Chrann cèusaidh thogail suas,
 Ge bu chruaidh sud b' fhèudar e
 Bhi 'g gèilleadh dhoibh san uair ;
 A chuisleadh caomh ag traogadh as,
 S a neart ga fhasgadh uaidh,
 A' direadh 'n t sleibh ga sharuch, gus
 An d' fhailnich e faoi 'n chuail.

Sios air au leabuidh dhòruinnich,
 Le dheòin do luigh e fein ;
 Ruisgt' air a chrann do shineadh e,
 'Sgach allt dheth spion o chèil :

A chorp ro naomha beannuightse,
 Do cheangail iad gu teann,
 Le tairn'ibh 's ord ga 'n sparradh sud,
 Gu daingion ris a chrann.

An crann an sin do dhirich iad,
 Is Iosa thog air suas,
 Air na tairn' ibh chrochadh e
 Le dochann tha do-luaidh ;
 A chudthrom fein a' reubadh as
 Gach crèuchd na chois 's na laimh,
 Is fhuil ro phriseil naomhasan
 Ga taomadh sios gu lar.

Ge bu mhaslach craiteach leis
 Am bas do dheilbheadh leo ;
 Aon ghearan riamh cha d' thainig uaidh
 An aghuidh naimhde mor ;
 Ach 's ann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,
 Ga 'n teasairgin gu fior,
 " O Athair thoir dhoibh maitheanas,
 " Ta'id aineolach nan gniomh."

Chuaidh dibhfhearg Dhe a thaomadh air
 Gach uile thaobh mu'n cuairt,
 Gnuis a ghraidh do dfholaidh air
 Is thionndadh solus uaidh ;
 Do dhèigh e fo na pianntuidh sin,
 " Mo Dhia ! Mo Dia na trèig !
 " Na ceil do gnuis ro fhábharach,
 " 'S na fag mi ann a mfhèum.

Na 'n rachadh an trom-dhioghaltas ud
 Do ghiùlain Ios' e fein,
 Leag air a chinneadh daonna sin
 'S na h aingle naomh le cheil,
 Do chasgradh ann a mòmaint bhig,
 Na Slòigh ud leis gu lèir :
 Am braon bu lugh' da fhubhlangas
 Do loisgeadh 'n cruinne cè.

Do orduich Dia nán sluagh 'n sin,
 Iad theachd mu'n cuairt don t sliabh,
 Gach uile nadur rèusantadh,
 Do rinn e fein o chian :
 'S gu 'm faicte ghaol da chrèutairibh
 So do bhèusaibh pheacaidh fhuath,
 Ann san fheirg do thaomaich e
 Air Mac a ghaoil san uair.

'Se so bu chainnt da fhubhlangas,
 " Nois tuigibh uile shluagh,
 " Nadur screitidh pheacaidh sin,
 " 'S am dhòruinn faicibh dhuais ;
 " Is nadur teann na ceartas sin
 " Do ghlac mi as leith chàich ;
 " Nach maith dhamh bonn da 'm fiachasa,
 " 'S nach diol le ach mo bhàs."

Bha 'm bàs ud malluicht' piantachail,
 Ro ghuineach dio'l tach dòigh ;
 Ro chràiteach nàrach fadalach,
 'S e teachd neo-ghrad na chòir :

Bu ni ro oillteil uamhusach,
 Seachd uair' bhi'n crochadh beo,
 Air fèitheadh chuirp gan spionadh as,
 Co dh'fheudas innse a leon !

Bha briogh a chuirp air tiormachadh
 An àmhuinn feirge De :
 'S a chroidhe cairdeil fìrinneach
 Ag leagha sìos mar chèir :
 A theanga lean r'a ghialaibhsin,
 Bha riamh am pairt a shluaigh ;
 Is fairneart n'an geur-phiannta sin,
 A sniomha anama uaidh.


A fhraodharc għlan do dhfhàilnich air,
 'S mar ghloin do dhfhàs a shùil ;
 Bha fèitheadh chriodh' a bristeadh aig,
 'S bhràghuid clisgeadh dlù :
 A għnus bu àille snuadh is dreach,
 Do thiounda uaine lì ;
 Air leam gu'm faic me ealghris air
 Cur a chath shearbh gu crìch.

Air leam gu 'm faic me chrèuchdasan,
 Mar a rèub na tairn'e fheòil ;
 An fhuil fas dubh aig ragadh ump ;
 Sior lagach air a threòir ;
 Dreoch a bhàis a tional uim' ;
 'S e dealachadh r'a sgiamh ;
 Ar leam gu 'n cluinn me 'g osnaich e ;
 'S a phlosgail bha 'nà chliabh.

Fa dheireadh labhair Iosa riu,
 " Tha me an iota mhor :"
 Ghabh doimhlas agus fìongeur iad,
 'S deoch shìn iad dha r'a òl,
 'Nsin dubhaint, " Tha e crìochnuicht
 " Gach nì ghabh me 'os laimh."
 'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e 'mach
 Is chlaon e cheann gu bas.

Be sud an glaodh bha cruádalach,
 Do chual e 'n cruinne cè ;
 Gach creug air talamh sgealbadh leis,
 'S na mairbh do chlisg gu leir :
 Do thiondadh ghrian gu dorchadas,
 Is chaochail colg gach ni,
 Bha chruiitheachd inár gu 'm basaich i.,
 'S i tarain chum a crich.

Na flaitheas bha riamh sòlasach
 'S gach sluagh bha subhach shuas,
 San am sin rinneadh brònach iad,
 'S an ceòl do leig iad uath ;
 Re faicsin dhoibh an Ughdair ac,
 Son ùir ga leagadh sios,
 'S am bas a bhi ga cheangalsan
 Thug anam do gach n i.



LA A BHREITHEAMHNAIS.

AM feadh 'ta chuid is mo don t saogh'l
 Gun ghaol do Chriosd, gun sgoinn dà reachd,
 Gun chreideamh ac gu'n d'thig e rìs,

Thoirt breith na fìrin air gach neach.
 An codal peacaidh 'ta'd nan suan,
 Ag bruadar pailteas do gach nì :
 Gun umhail ac n' uair thig am bàs,
 Nach meal iad Pàrras o'n ard Riogh.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog suas,
 An sluach chum aithreachais na thra,
 Is beannuich an Dan so do gach neach,
 Bheir seachad eisteachd dha le gradh.

Mo smuaintidh talmhuidh Dhe tog suas,
 'S mo theanga fuasgail ann mo bheul ;
 Do chum gu 'n labhrainn mar bu choir,
 Mu ghloir smu uamhunn laeth Dhe.

Air meadhon oidhch' n'air bhios an saogh'l,
 Air aomadh thairis ann an suain ;
 Grad dhuisgear suas an Cinneadh Daoin,
 Le glaodh na trompaid 's airde fuaim,

Air neul ro ard ni fhoillseach fein,
 Ard aingeal treun le trompaid mhoir ;
 Is gairmidh air an t saogh'l gu leir,
 Iad a ghrad eiridh chum a mhoid :

“ O cluinnibhs uile chlann nan daoin,
 “ Do thainig ceann an t saogh'l gu beachd ;
 “ Leumaibh 'nar beathe sibhs 'ta marbh,
 “ Oir gu dearbh 'ta Ios' air teachd.”

Seididh se le sgal co chruaidh,
 S gu 'n cuir e sleibhte 's cuain nan rith ;
 Clisgidh na bhios marbh san uaigh,
 Is na bhios beo le h-uamhunn crith,

Le h-òsaig dhoinionnaich a bheil,
 An saogh 'l so reubaith se gu gãrg,
 'S mar dhun an t-seangain dol na għluais,
 Grad bruchdaidh 'n uaigh a nios a mairbh.

'N sin cruinnichidh gach cos is lamh,
 Chuaidh chur san araich fad o cheil ;
 'S bidh farum mor a measg nan cnamh,
 Gach aon diu dol na aite fein.

Mosglaidh na fireanaich an tùs,
 Is dùisgear iad gu leir o 'n suain,
 An anamaibh turlingidh o ghloir,
 Ga 'n comhlachadh aig beul na h-uaigh.

Le aoibhneas togaidh iad an ceann,
 'Ta ám am fuasglaidh orra dlù ;
 Is mar chraoibh mheas faoi ionlan bláth,
 Ta dreach an Slánuí fhear 'nan gnùis :

Ta obair Spiorad naomh 'nan grás
 Air glanadh 'n náduir e 'n taobh steach :
 'S mar tħrusgan glan 'ta tħimħlachd Chriosd,
 Ga 'n deanamh sgiomhach o'n taobh 'maç.

Duisgear na h-aingidh suas 'n an dèigh,
 Mar bhéissdibh gairisneach as an t slochd ;
 'S o ifrinn thig an anama truagh ;
 Thoirt coinnibh uamhasach da 'n corp.

'N sin labhruidh 'n tanam brónach truagh,
 R'a choluinn oilteil, uamhur, bhreun,
 " Mo chlaoidh ! ciod uime dh' eirigh thù
 " Thoirt peanas dùbailt oirn le chéil ?

"O! 'n eigin domhsa dol aris,
 "Am príosun neo-ghlan steach a'd' chré?
 "Mo thruaighe mi, gu 'n d' aontaich riamh,
 "Le d' an-mianna brùideil féin!

 "O 'm fuidh me dealach' riut gu bráth!
 "No 'n d' thig am bàs am feasd a' d' chóir!
 "'N drùigh teine air do chnamhaibh iairn!
 "No dibh-fhearg Dhia an struidh i t-fheóil!"'

Eiridh na righrin 's daoine mòr,
 Gun smachd gun ordugh ann nan laimh;
 'S cha naithn'ear iad a measg an t-sluaidh,
 O 'n duine thruagh bha ac na thràill.

'S na daoine uaibhreach leis nach b' fhiu,
 Gu 'n ùmhlaicheadh iad fein do Dhia;
 O faic anis iad air an glùn;
 Ag deanamh ùrnuigh ris gach sliabh:

"O chreugaibh tuitfuidh air ar ceann,
 "Le sgairnich gharbh do chlochaibh cruaidh,
 "Is sgriosaibh sinn a tir nam beò,
 "A chum 's nach faic sinn glòir an Uain!

Amach as uamhaidh gabhidh thriall
 An diabhal 's a chuid aingle fèin,
 Ge cruaidh e 's èigin teachd an làthair,
 Ag slaodadh shlàbhruidh as a dhèigh.

'N sin fàsuidh ruogha ann san spèur
 Mar fhàir na maidne 'g èiridh dearg;
 Ag innseadh gu bheil Iosa fèin,
 A teachd na dèidh le laeth garbh:

Grad fhosgladh as a chèil na neòil,
 Mar dhoras seòmair àn ard Rìgh,
 Is foillsichear am Breitheamh mòr,
 Le glòir is greadhnachas gun chrioch.

Tha 'm bogha-frois mun cuairt da cheann,
 'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth ;
 'S mar dhealaineach tha sealladh shùl,
 Aig spùtadh as na neullaibh tiugh.

A ghrian ard-locharan nan spèur,
 Do ghloir a phearsa gêillidh grad :
 An deallradh drillseach thig o ghnùis,
 A solus mùchaidh se air fad.

Cuirfidh si uimpue culaidh bhròin,
 'S bidh ghealach mar gun dòirt" or' fuli,
 Is crathar cumhachdan nan spèur,
 A teilg nan rèulta as am bun.

Bidh iad air uigh-deall ann san spèur,
 Mar mheas air gèig re h anradh garbh ;
 Tuiteam mar bhraonaibh dh' uisge dlù,
 'S an glòir mar shùile duine mhairbh.

Air charabad teine suidhidh sè,
 'S mun cuairt da bèucaidh 'n tairneanach,
 Ag dol le ghairm gu crìoch na neamh,
 'S ag reub nan neul gu doineannach.

O chuidhlibh charbaidh thig amach,
 Sruth mor do theine laist' le feirg ;
 Is sgaolidh 'n tuil ud air gach taobh,
 Ag cur an t saogh'l na lasair dheirg.

Leaghuidh na Dùile 'nuas le teas,
 Ceart mar a leaghas teine cèir :
 Na cnuic 's na sleibhte lasaidh suas,
 'S bidh teas-ghoil air a chuan gu leir.

Na beanntaidh iargolt nach dug seach,
 An sdoras riamh do neach da'n dedin,
 Ta iad gu fialuidh taosgadh 'mach,
 An ionmhas leaght' mar abhuinn mhoir.

Gach neach bha sgriobadh cruinn an òir,
 Le sannt, le dòbheart, na le fuil ;
 Lan chaisgibh 'nis bhur 'n iota mòr,
 San nasguidh òluibh dheth o'n tuil.

O sibhse rinn bhur bun don t saogh'l,
 Nach dig sibh 's caoinibh e gu gèur,
 'N uair tha e gleacadh ris a bhàs,
 Mar dhuine làidir dol don èug.

A chuisleadh chleachd bhi fallain fuar,
 Re mireig uai'reich feadh nam gleann.
 'Ta teas a chleibh ga 'n smùidreadh suas,
 Le goilibh buaidhreis feadh nam beann.

Nach faic sibh chrith tha air mu'n cuairt,
 'Sgach creug ag fuasgladh ann's gach sliabh
 Nach cluinn sibh osnaich throm a bhais,
 'S a chroidhe sgàineadh stigh 'na chliabh.

An cùrtain gorm tha nunn o'n ghrein,
 'S mu'n cuairt don chruinne chè mar chleòc,
 Crupaideh an lasair e'r'a chèil,
 Mar mheilleig air na h èihble bed.

Tha 'n t aidheir ga thachd le neulla tiugh,
 'S an toit na meallaibh dubh dol suas ;
 'San teine millteach spùtadh 'mach,
 Na dhualaibh caisreagach mu'n cuairt.

Timchioll a chruinne so gu leir,
 Borb-bhèucaidh 'n tairneanach gu brais :
 'S bidh 'n lasair lomadh gloir nan spèur,
 Mar fhalaisg ris na slèibhte cas.

Is chum na doinionn atadh suas,
 O cheithir airdibh gluaisidh ghaoth ;
 Ga sgùirs' le neart nan aingle trèun,
 Luathach an lèirsgríos o gach taobh.

Ta obair na se laéth rinn Dia,
 Le lasair dhian go chur na sgaòil ;
 Cia mor do shaoibhreas Rìogh na 'm feart,
 Nach iunndrain casgradh mhile saogh'l !

'M feadh tha gach ni an glacaibh 'n èug
 'S a cruitheachd gu lèir dol bun-oscionn,
 Teannaidh am Breitheamh oirne dlù,
 A chum gach cuis a chur gu ceann.

'N sin gluaisidh se o aird nan spèur,
 Air cathair a Mhòrdhachd fein a nuas,
 Le greadhnachas nach facas riamh,
 'S le Dhiadhachd sgeudaichte mun cuairt.

Ta mìle tairneanach 'na laimh,
 A chum a naimhbe sgrios am feirg.
 Is fonn-chrith orr' gu dol an grèim,
 Mar choin air èill re h-am na seilg.

Ta aingle gun aireamh ann na chàirt,
 Le 'n sùilibh suidhicht' air an Righ,
 Chum rith le ordughsan gun dail,
 S na h-uile ait ga'n cur an gniomh.

O Iudas thiganois a lathair,
 'S gach neach rinn braithreas riut a' d' gniomh,
 An dream a dh'aichean creidimh Chriosd,
 Na rèic e air son ni nach b'fhiach,

A shluagh gun chiall thug miann don or,
 Roimh ghloir is aibhneas flaitheas De,
 Bhur malairt ghorach faicibh nis,
 'S an sgrios a thug sibh oiribh fein.

'S a mhuinntir uaibhreach leis 'm bu nar,
 Gu 'n cluinnte crabhadh dha 'n ar teach ;
 Faicibh a ghloir 's na b' iongnabh leibh,
 Ged dhruid e sibh a' riogh'chd ainach.

O Herod faic a nois an Righ,
 D' an d'thug thu spid is masladh mor,
 Ga sgeudachadh le trusgan ruogh,
 Mar shuaincneas sgallais air a ghlòir.

Nach faic thu Breitheamh an t saoghal gu leir
 'S mar èudach uime 'n lasair dhearg ;
 Ag teachd thoir duais do dhaoine còir,
 'S a sgrios luchd dóbheit ann am feirg ?

Is thusa Phílat tog do shuil,
 'S gu 'm faic thu nis' a mùgha mòr ;
 An creid thu gur h e sud an Ti
 A rinn thu dhíeadh air do mhód ?

An creid thu gur e sud an ceann,
 Mun d' iath gu teann an sgítheach géur ?
 Na idir gur i sud a ghnùis,
 Air theilg na h Iùdhaich sileadh bréun !

'M bu leor gur theich a ghrian air cùl,
 Ag diultadh fadhnuis thoirt don ghniomh ?
 Ciod uim' nach d'fhuair a chru.theachd bas,
 'N uair chéusadh air a chrann a TRIATH !

Cuirfidh se aingle 'mach gach taobh,
 Chum ceithir ghaothaibh 'n domhain mhòir,
 A chuairteachadh gach aon don t sluagh,
 A steach gu luath a dhionnsuidh mhòid.

Gach neach a dh' àitich coluinn riamh,
 O'n ear 's o'n iar tha nise teachd,
 Mar scaoibh do bheachaibh tighn mu ghèig,
 An deidh dhoibh èiridh 'mach o'n scep.

'N sin togfuidh aingeal gloirmhor suas.
 Bratach Chriosd da'n suaincneas fuil ;
 A chruinneachadh na għluais sa chòir,
 'S da fhulangas rinn dòigh is bun.

Do m' ionnsuidh cruinnichead mo naoimh,
 Is tionailibh gach aon don dream,
 A rinn gu dileas is gu dlù,
 Le creideamh 's ùmhlachd ceangal leam.

'N sin tionsgnaidh 'm Breith' air cùis an là
 Do chum a nàimhde chur faoi bheinn,
 Is fosglaidh se na leabhr'ain suas,
 Far am bheil peacadh 'n t sluaigh air chuimhn' :

Fosglaidh se 'n cridhe mar an cèudn',
 Air doigh 's gur lèir don uile neach,
 Gach uamharrachd bha gabhail tàmh,
 Air feadh an àrois ud a steach :

'N uair chi'd an sealladh so dhiubh fein,
 Is dearbh gur lèr dhoibh ceartas De ;
 'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nàir,
 Nach lugha cràdh na teine dian.

Togfuidh an trompaid 'rìsd a fuaim,
 Na labhradh is na gluaiseadh neach ;
 Air chor gu'n cluinn gach beag is mòr
 A bhreith thig air gach seòrt' amach,

" A. dhaoine sanntach thrèig a chòir,
 " 'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,
 " 'S a ghais gu teann bhur cridhe suas,
 " 'S a dhruid bhur cluas re glaodh nam bochd
 " An lomnochd cha do dhion o'n fhuachd,
 " 'S don ocrach thruagh cha d'thug sibh biadh
 " Ged lion me fein bhur cis'd' do lòn,
 " 'S bhur treuda' chur a mòid gach bliadhn.
 " Ni bheil sibh iomchuibh air mo riogh'chd,
 " As eugmhais fìrinn, iochd, is gràidh :
 " 'S o reub sibh m' iomhadh dhibh gu lèir,
 " Agraibh sibh fein 'nar sgrios gu brath.
 " Is sibhs' bha guidheachan gu dian,
 " Gu'n glacadh 'n Diabh'l bhur 'n anam fein ;
 " 'S mithich bhur n ùrnuigh fhreagrachd dhuibl
 " 'S na h-abraibh chaoidh', Gur cruaidh am bein

- ‘ Is sibhs’ a rinn bhur teanga’ fèin,
 ‘ A ghèurachadh chum fuil’ mar scian,
 ‘ Le tuaileas, culchainnt, agus brèug,
 ‘ ’S le blaisbheùm tabhairt bùeum do Dhia,
- “ A nathraiche millteach ’s oillteil greann,
 “ Cha’ bhinn leam ceol bhur srannruich ard,
 “ ’S cha ’n eisd o’r teangaidh ghobhlaich cliù
 “ Le drùchd a phuiseinn air a barr.
- “ Is sibhs’ thug fuath do m’ ordugh naomh,
 “ Is leis nach b’ionmhuinn caomh mo theach ;
 “ Leis am bu bhliadhna uair,
 “ Am áros tabhairt cluais do m’ seachd .
- “ Cionnas a mhealas sibh gu bràth
 “ A’m’ sheirbhis sàbaid shiorruid bhuan
 “ Na cionnas bheir bhur n’ anam gràdh,
 “ Don ni da’n d’thug bhur nàdur fuath?
- “ Luchd mìruin agus formaid mhòir
 “ Da’n doruinn iomlan sonas chàich
 “ Le doilghios geur a cnàmh bhur teang’
 “ Mu aon neach oirbh fein bheir bàrr :
- “ Cionnas a dh’ fheudas sibh gu bràth
 “ Lan shonas àiteach ann an glòir ;
 “ Far am faic sibh millte dream,
 “ Ga’n ardach os bhur ceann gu mòr ?
- “ Am fad ’s bu lèr dhuibh feadh mo riogh’chd,
 “ Neach b’ airde inbhe na sibh fein ;
 “ Nach fadadh mìrun ’s formad cùirt,
 “ Tein’ ifrin duibh am flaitheas De ?

- “ Is sibhs’ ann slighe na neoghloin ghluais,
 “ ‘S gu sonraicht’ thruaill an leaba phòsd ;
 “ Gach neach a thug do m’ naomhachd fuath,
 “ Ga’n tabhairt suas gu toil na feòl :

 “ Mar b’ ionmhuinn leibh bhi losgadh ’n teas
 “ Bhur n-uabhair, dheasuish me dhuibh fearg,
 “ Leabuidh theth ann luidh sibh sìos,
 “ Am brachaibh-lín do lasair dheirg :

 “ Ged bheirinn sibh gu rioghachd mo ghlòir,
 “ Mar mhacaibh steach gu seòmar Righ ;
 “ Bhur nadur neoghan bhiodh ga chràdh,
 “ Le’r miannaibh bàsuchadh chion bìdh.

 “ Gach neach tha iomchuidh air mo riogh’chd
 “ Teannuibh sìbhse chum mò dheis,
 “ Is crunnichibh seach’d chum mò chì,
 “ A chrònach o na crannaibh meas.

 ’N sin tearbainidh se chum gach taobh,
 Na caoraich o na gabhruidh lom ;
 Ceart mar ni’m buachaille an tréud,
 ’N uair chuairteachais e spréidh air tom.

 ’N sin labhruidh se re luchd a dheis,
 “ Sibhs’ ta deasucht le mo ghràs,
 “ Thigibh, sealbhuichibh an Rìoghachd,
 “ Nach faic a sonas crìoch gu bràth.

 “ Do spealg me ’n geat’ bha oirbhse dùinnt,
 “ Le m’ ùmhachd ’s m’ fhulangas ro-ghéur :
 “ ‘S dh’ fhosgail an t sleadh gu farsuing suas,
 “ Am leath-taobh doras nuadh dhuibh fein.

- “ Chum craoibh na beath’ ta ’m Pàrrais Dé,
 “ Le h éibhneas teannaibh steach do còir :
 “ ’S a fearta iongantach gu léir,
 “ Dearbha bhur nuile chréuchd ’s bhur leon.

 “ An cloidheamh bha ruisgte laist’ da dion,
 “ O laimh ar sinnsir Adhamh ’s Eubh,
 “ Do rinn me truaill dhe m’ chroidhe dhà,
 “ ’S a lasair bhàth me le m’ fhuil fèin.

 “ Fuidh dosraich ùrair suidhibh sios,
 “ Nach searg ’s nach cròn am feasd a blàth ;
 “ ’S mar smeòraichibh a measg na geug,
 “ Chum molaidh glèusaibh binn bhur càil.

 “ Le a maise sàsuichibh bhur sùil,
 “ Is oirbh fuidh sgàil cha druigh an teas,
 “ O a duillich churaidh òluibh slàint ;
 “ Is bithibh neo-bhasbhur le a meas.

 “ Gach uile mheas tha ’m Pàrrais Dè,
 “ Ta nois gu lèir neo-thoirmisgt’ dhuibh ;
 “ Ithibh gun eagal o gach géig,
 “ A nathair nimh cha téum a choidhch.

 “ Is uile miann bhur n-anama feìn,
 “ Lan sàsuichibh gu lèir ann Dia,
 “ Tobar na firinn, iochd, is graidh,
 “ A mhaireas làn gu cian na ’n cian.

 “ Mor-inntleachd iongantach na slàint,
 “ Sior rannsuichibh air àird ’s air leud,
 “ ’S feadh oibriche mo rioghachd mhòir,
 “ Bhur n eòlas miannach cuiribh ’meud.

“ Bhur n-aoibhneas, mais’ bhur tuigs’, ’s bhur
 “ Bitheadh gu siorruidh fàs ni ’s mò : [gràdh,
 “ ’S ni ’n-coinnich sibh aon ni gu bràth,
 “ Bheir air bhur n-anam cràdh no leòn.
 “ Cha n-fhacadh sùil, ’s cho chuladh cluas,
 “ Na thaisg me suas do shonas duibh,
 “ Imichibh, ’s biodh bhur dearbheachd féin,
 “ Sior-innseadh sgéul duibh air a chaoidhch.”

Ach ris à muinntir th’air a chlì,
 Labhruidh se ’na dhìoghaltas cruaidh,
 “ A chuideachd nach d’thug gràdh do Dhia,
 “ A chum an diabhail siubhlaibh uam.

“ ’S mo mhalluchd maille ribh gu brath,
 “ A chum bhur cràdh ’s bhur cur gu pian :
 “ Gluaisibh chum an teine mhòir,
 “ Dar ròsdadh ann gu cian nan cian.”

Mar a sgàin an talamh as a chéil,
 ’N uair ghabh e teaghach Chòrah steach,
 Ceart laimh riu fosglaidh ’n uamha béal,
 ’S i miananaich air son a creich.

Is mar a shluig mhuc-mhara mhòr,
 Iònás ’n uair chaidh theilgeadh ’mach,
 Ni slugan dubh an dara bàis,
 A charabad iathadh umpa steach.

San uamhaidh taobhaidh iad re’ chéil
 A għluais na mbeathe gu h éucorach :
 Luchd mionn’ is mortaidh’ ’s fia’nais bhreig ;
 Luchd meisg is réibinn’ ’s adhaltranais.

Mar chualaig dhris an ceangal teann,
 Ann slabhruidh tha gach dream leo feìn ;
 'S an comuun chleachd bhi 'n caidreamh dlù,
 Mar bhioraibh rùiste dol nan cré.

Mar leomhan garg fuidh chuibhreach cruaidh,
 Le thoscaibh réubadh suas a ghlais :
 An slabhruidh cagnuidh iad gu dian,
 'S gu brath cha ghearr am fiacula phrais.

Bidh iad gu siorruid 'n glacaibh bhàis
 S' an cridhe ga fhàsgadh asd' le bròn,
 Ceangailt' air cuan do phronnasc laisd'
 'S a dheatach uaine tachd' an sròn.

Mar spairneig fuaithe ris an sceir,
 Tha iad air creugaibh goileach teann :
 Is dibh-fheirg Dhe a seideadh chuain,
 Na thonnaibh buaidhreis thair an ceann.

'N uair dhùineas codal cruaidh an sùil,
 Teas feirg 's an-dochas dùisgidh iad ;
 A chnuimh nach bàsuich 's eibhle beò,
 Ag cur an dòruinn shicrruidh 'meud.

Air ifrinn 'n uair a gheibh iad sealbh,
 'S lan-dearbha co ga 'n toir iad cìs,
 Feudfuidh sinn an gearàn truagh,
 Chur ann 's na briathraibh cruaidh so sios,

“ O staid na neo-ni 'n raibh me 'm thàmh,
 “ Ciod uime dh'arduch Dia mo cheann !
 “ Mo mhìle malluchd aig an là
 “ 'N do ghabh mo mhathair me na broinn

- “ Ciod uime fhuair me tuigse riamh ?
 “ Na ciall is reusan chum mo sdiùr ?
 “ Ciòd uim' nach d'rinn thu cuileag dhiom ?
 “ Na durrag dhìblidh ann sàn ùir ?

 “ Am mair me 'n so gu saogh'l nan saogh'l !
 “ 'N dig crioch na coachladh orm gu brath
 “ Am bheil me nis san t-siorruidheachd bhuan,
 “ A' snàmh a chuain ata gun tràigh !”

 “ Ged àiream uile resulta neamh,
 “ Gach féur is duillich riamh a dh'fhas,
 “ Ma' ris gach braon ata sàn chuan,
 “ 'S gach gaineamh chuairticheàs an tràigh

 “ Ged chuiream mìle bliadhna seach,
 “ As leth gach aon diubh sud gu leir,
 “ Cha d'imthich seach don t-siorruidheach
 “ Ach mar gu 'n tòisicheadh i'n de. [nhò

 “ Ach O ! 'n dō theirig trocair Dhia !
 “ 'S am pian e me gu saogh'l nan saogh'l !
 “ Mo shlabhruidh 'n lasuich e gu bràth !
 “ No glas mo làmh an dean e sgaoil !

 “ 'M bi 'mbeul a dh'orduich Dia chum seinn
 “ Air feadh gach linn a chliù gun sgìos,
 “ Mar bhalagan-séididh fadadh suas
 “ Na lasraich uain ann ifrinn shìos !

 “ Ged chuaidh mo thruaighe thair mo neart
 “ Gu deimhin fein is ceart mo bhinn ;
 “ Ach c'fhad bhios me 'n so gam chràdh,
 “ Mu'm bi do cheartas sàitheach dhiom !

- " No 'mbi thu dìo'lte dhiom gu bràth ?
 " 'N deach lagh an nàduir chur air cùl ?
 " Mo thruaighe me ! 'ne so am bàs
 " A bhagair thu air Adhamh 'n tùs ?

 " Air sgà do dhio'ltas 'm bi thu sniomh
 " Snàthain mo bheath' gu siorruidh caol ?
 " Nach leor bhi mile bliadhna gàm losg'
 " As leth gach lochd a rinn me 's t-saogh'l ?

 " Ged lean do dhò'ltas me gu m' chùl,
 " Cha 'n arduich e do-chliu a Dhe,
 " 'S cha'n fhiù do d' Mhordhachd t-fhearg a
 " Air comhartha co bochd rium fein. [chosd,

 " O Dhia ! nach sgrios thu me gu tur ?
 " 'S le d' chumhachd cuir air m' anam crioch,
 " 'S gu staid na neo-ni teilg me uait,
 " Far nach 'eil fulang, smuain, no gniomh.

 " Ach O ! se so mo thoilltneas fein
 " Is ni bheil èu-coir bunntain rium ;
 " Oir dhiùlt me tairgse shaor do Chriosd,
 " 'S nior ghabh me da fhuil phrìseil suim.

 " Mo choguis dìtidh me gu bráth,
 " An fhia' nais bha ga 'm cháineadh riamh ;
 " An-iochd na èu-coir ann mo bhás,
 Cha leig i cháramh 'm feasd air Dia.

 " Do thilg me áitheanta air mo chùl,
 " Is rith me dùthrachdach gum sgrios,
 " Is fhia'nais fein a' m' chridhe mhùch,
 " Ag druid mo shùile roimh mo leas.

“ Cia meud an dìogh’ltas tha dhamh , dual
 “ As leth mo pheacaidh uamhor dàn !
 “ Am peàc’ thug dù’lan do fhuil Chriosd,
 “ ’S a dh’fhàg gun eifeachd brìogh a bhàis
 “ Gidheadh nach ’eil do Bhuaidhean fein
 “ Neo-chriochanach gu lèir o-chian ?
 “ ’S an d’ thoir mo chionnt air iochd, ’s air-
 “ Gu’m fàs iad criochanaicht ainn Dia ? [gràdh.
 “ Bheil comas duit mo thilgeadh uait
 “ Far nach cluinn do chluas mo screid ?
 “ ’M bheil dorchadas ann ifrinn fèin
 “ Far nach lèr do Dhia mo staid ?
 “ Ann d’ aoibhneas ioìlan, ’n eisd do chluas
 “ Re creutair truagh a rinn do làmh,
 “ Ag àigheach, *Athair!* gabh dhiom truas,
 “ ’S Leigh fuarach do ghoil-smear mo chìnàmh ?
 “ Eisd o-mo Dhia ! mo thagràdh bochd,
 “ ’S gach osna ghoirt ’tā teachd a ’m chliabh,
 “ ’S aon athchuinge do iarram ort,
 “ Tairèis gach lochd a rinn me riamh :
 “ ’N uair ghuileas me deich mìle bliadhñ
 “ San lasair dhian so fein gam chràdh,
 “ ’N uair sgìtheas deamhain bhi gam phian,
 “ *O deonuich Dhia gu’ m fuidh me bas !*
 “ Ge truagh mo ghuidhe cha’n eister è
 “ Is fois na fédh cha’n fhùidh me chaoidh’
 “ Ach beatha neo-bhaemhor teachd as ùr
 “ Gu’m nearthuch’ ghiùlan tuille claoi.”

Ach stad mo Rann is pill air t-ais
 O shlochd na casgraidh dhéin a nìos,
 Is feuch cionnas a bheir thu seòl
 Do 'n dream tha beò nach d'theid iad sìos.

A lèughadoir a bheil e-fior..
 Na chuir mi cheana sìos am Dhàn ?
 Ma 'se 'sgu bheil thig s' lùb do ghlùn
 Le ùrnuigh 's aithreachas gun dàil :

A dh' ionnsuidh Iosa teich gu luath,
 Ag gabhail gràin is fuath do d'pheac',
 Le creideamh fior bheir ùmhachd dhà,
 Ann uile àitheanta naomh a reachd.

Gabh ris 'na oifigbh gu léir,
 'S re h-aon diubh na cuir fèin do chùl ;
 Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìgh,
 Chum slainte, dìdean, agus iùil.

Biod eisiomplair am beachd do shùl,
 Chum d' uile għluasachd sdiùr da réir,
 'S gach meanhon dh' orduich e chum slàint,
 Bi fein gan gnàthuchadh gu léir.

As fhìreunteachd dean bun a mhàin ;
 'S na taic gu bràth re d' thòilltneas fèin : -
 'S mas àill leat éifeachd bhi na ghràs,
 Na h-alltrum peacadh dàimh a' d' chrè.

Mar sin ged tha do chionnta mòr,
 Chum glòir do Tighearn saorar thù,
 Is chum do shonas siorruidh fèin,
 Air feadh gach ré ag seinn a chliù.

BRUADAR:

AIR bhith dhamhsa ann am shuain
 Re bruadar diomhain mar tha càch,
 Bhi glacadh sonais o gach nì ;
 Is e gam dhìbreadh ann 's gach àit.

Air leam gun d'thainig neach am chòir,
 'S gu'n dubh'rt e riom, " Gur gòrach mì,
 " Bhi smuainteach greim a ghleidh' don ghaoith,
 " No gun lion an saogh'l mo chì".

" Is diamhain duit bhi 'g iarruidh sàimh,
 " 'N aon ni' no'n àit air bith fuidh 'n ghréin ;
 " Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaigh.
 " No'd anam 'n taobh so shuaimhneas Dé.

" 'N tra dh'ith Adhamh 'meas an tûs,
 " Am peacadh dhrùigh e-air gach nì ;
 " Lion e na h-uile ni le saothair,
 " Is dh'fhag e'n saogh'l na bhriste crì".

" Air sonas anama chaill e-chòir,
 " Ma' ris gach sòlas bha'nn sa ghàrr :
 " O sin ta shliochd nan deòraibh truagh ;
 " Mar uain cha mearachd air a mhàthair.

" Re mèlich chruaidh ta'd rith gach nì,
 " Ann duil gu 'm faigh an intinn clos ;
 " Ach dhoibh ta 'n saogh'l gu niochd no truas
 " Mar mhuime choimhich fhuair gun tlus.

- " Mar sin tha iad gun fhois no tàmh,
 " Ga 'n sáruch' glacadh faileas brèig ;
 " 'S ag deòl toil-inntin o gach nì,
 " Is aid imar chiocha seasg nan bèul.

 " Bidh teanndachd eigin ort am feasd,
 " 'S do dhochas faicsin fuasgladh d'fhèum,
 " An comhnuidh dhuit mar fhad do làimh ;
 " Ach gu bráth cha'n fhaigh dheth grèim.

 " Cha teagaisg d'fheuchain 's dhearbha thù,
 " O dhùil is earbsa chuir san bhréig,
 " A rinn do mhealladh mìle uair.
 " 'S co-fhada uait an diu san dè.

 " An ni bu mhò da'n d'thug thu miann,
 " Nach d'fhag a mhealltuinn riamh e searbh ?
 " Tha tuille sonais ann an dùil,
 " Na tha 'n crùn le bhi na shealbh.

 " Ceart mar an ròs ata san ghàrr',
 " Searguidh bhlàth 'n uair theid a bhuan :
 " Mun gann a ghlacas tu e d'làimh,
 " Tréigidh áile e 'sa shnuadh.

 " Ni bheil neach o thrioblaid saor,
 " Am measg a chinneadh daon' air fad.
 " 'S co lionmhur osna aig an Rìgh,
 " Is aig an neach is isle staid.

 " Ta smùdan fein as ceann gach fòid
 " Is dòruinn ceangailt' ris gach maith.
 " Than'n ròs a fas air drisibh géur
 " 'S an taic' a chéil tha mhil san gath.

- “ Ged fhaic thu neach ann soibhreas mòr
 “ Na meas a shòlas bhi thair càch :
 “ An tobar ’s gloine chi do shùil,
 “ Tha ghrùid na ìochdar gabhail tàmh :
 “ ’S mu chuireas d’ anaïl e na ghluais,
 “ Le tarruing chabhaig suas a’ d’ bhèuł,
 “ Duisgidh ’n ruoghan dearg a nìos,
 “ Se gaineamh lionaiddh se do dhéud.
 “ ’S ged fhaic thu neach ann inbhe ard,
 “ Tha e mar nead am barr na craoibh ;
 “ Gach sdoirm a bagradh thilgeadh nuas,
 “ Is e air luasgadh leis gach gaoith.
 “ An neach is fearr tha ’n saogh’l a riар,
 “ Tha fiaradh eigin ann na staid,
 “ Nach dean a sheòltachd is a stri.
 “ Am feast a dhìreachadh air fad.
 “ Mar bhata’ fiar an aghuidh chéil,
 “ Ata o-shuidheach’ fèin doth-chur ;
 “ A reir mar dhìreas tu a bharr,
 “ S co-chinn teach ni thu cam a bhun.
 “ Na h-Iudhaich thionail beg no mòrr,
 “ Don Mhanna dhòirteadh orra ’nuas ;
 “ ’N uaир chuir gach neach a chuid san chlár,
 “ Cha robh air bàrr na aon ni uaith :
 “ Mar sin ata gach sonas saogh’lt,
 “ Ata thu faotainn ann a d’ làimh,
 “ Fa chomhair saidhbhreas, ’s inbhe cùirt
 “ Tha caitheamh, cùram, agus cradh.

- " Ged charn thu òr a d' shlige suas
 " Fa chomhair fàsuidh 'n luaith da rèir
 " Is ge do chuir thu innte riogh' chd
 " A mheidh cha dìrich i na déigh.

 " Tha cuibhrinn iomchuidh aig gach neach,
 " 'S ged tha thu meas gur tuille b' fhearr ;
 " Cha d' thoir an t-àanabarr tha'nn a sud,
 " Am feasd an cudthrom as chràdh.

 " O iomluain d' inntin tha do phian ;
 " Ag diùltadh 'n diu na dhiarr thu 'n dé :
 " Cha chomasach an saogh'l do riar,
 " Le d' anamianna 'n aghidh chèil,

 " Na 'm faigheadh toil na feol a rùn,
 " Da mianna brùdail dhiarradh sàth ;
 " Flaitheas bu aird cha'n iarradh i,
 " Na annta sud bhi sìorruidh snàmh.

 " Ach ged a b' ionmuinn leis an fheòil,
 " Air talamh còmhnuachadh gach rè :
 " Bhiodh dùthrachd d' ardin agus d' uaill.
 " Co arda shuas re Cathair De,

 " Ach nam b' aill leat sonas buan,
 " Do shlighe tabhair suas do Dhia,
 " Le dùthrachd, creideamh, agus gràdh,
 " Is sàsuichidh e-d' uile mhiann.

 " Tha 'n cuideachd sud gach ni san t-saogh'l,
 " Tha 'n comas daoine shealbhach' fior ;
 " Biadh, is eudach, agus slàint,
 " Is saorsa, càirdeas, agus, sith."

Ann sinn do mhosgail as mo shuain,
 Is dh'fhag mo Bhruadar me air fad :
 'S do leig me dhiom bhi rith gach sgàil,
 Is dh'fhàs me toilicht le mo staid.

AN GAISGEACH.

CHA bu ghaisgeach Alastair mòr,
 Na César thug an Ròimh gu gèill ;
 Oir ged a thug iad buaidh air cách,
 Dh' fhan iad nan tràill' da miannaibh fèin.

Cha ghaisg an ni bhi liodaird dhaoin,
 S cha chliù bhi ann an caonnaig tric :
Cha 'n uaisle inntin ardan borb,
 'S cha treubhantas bhi garg gun iochd,

Ach 's gaisgeach eisean a bheir buaidh
 Air eagal beatha, 's uamhunn bàis,
 'S a chòmhluicheas le meisneach crì',
 Na h-uile ni ata dha 'n dàn.

Le gealltachd cionnt, cha teich air cùl
 'S an am an dùisg a choguis fein,
 A tagradh eisdidh se gu ciùin,
 'S an ceartas dùinidh se u béul,

'S e-'n gaisgeach eisean bheir fuidh chìs,
 A thoil chum stríochd do reusan ceart,
 'S a smuaintidh ceannairceach gu lèir,
 Bhi 'n ordugh gèilleachdain dà smachd.

A mhianna brùdail saltruidh sìos,
 'S mar bhuill a chuirp fuidh chís atàid,
 'S cha 'n irislich e-fein da 'n riar,
 O nach gu riaghladh rugadh iad.

San oidhch 'n uair luidheas e-chum suain,
 Bidh shubhailean mun cuairt da fèin,
 Mar shaighdearain an tiomchioll Rìgh,
 Ga dhìdean o-gach namhaid trèun.

'S an mhaduin 'n uair a dhéireas suas,
 Cruinnichidh smuaínteadh as gach àit,
 'S e-fein na n ceann mar chaiptin seòlt,
 Ga 'n suid heachd' ann an òrdugh blàir :

Chum cogadh 'n aghuidh miann na feòl,
 Gach bochduinn, 's dòruinn 'ta sànt-saogh'l,
 Gach ribeachd is gach inntleachd bàis,
 Ta 'n deamhan gnàthach 'n aghuidh dhaòin.

Ta inntinn daingion mar a chreug,
 Cha charuich eagal e-no fiambh :
 Ta shulean furachar is gèur,
 Is lèir dha 'n dubhan troi' 'n a bhiadh.

Gu diamhain nochdfuidh 'n saogh'l a ghlòir,
 Gach òr is inbhe ata ann ;
 Ta saidhbhreas aig co pait na chri,
 'S gur truagh leis Rìgh is crùn mu cheann.

Is ge do sgaoil an striopach lion,
 Gu ghlàc' le inntleachdaibh a mais ;
 Cha drùidh air dealanach a sùl,
 'S cha leagh i rùn le miannaibh laist.

A nàmh cha choisin air gu bràth,
 Ged fhaigh e-sàruchadh re h-uair ;
 'S e neart's a shlainte cridhe brùit,
 Is air a ghlùinibh bheir e-buaidh.

'S i 'n fhirinn għlan is clogaid dá,
 Is gras a chreideamh aig mar sgiath ;
 'S e'n scriobtuir naomh a chloidheamh gèur
 'S a mhisneach ta gu lèir ann Dia.

Ta siothchaint aig 'na intinn fèin,
 'S a choguis rèidh ris ann 's gach nì ;
 Ta saihbhreas aig nach lèir do dhaoin,
 Is air nach cuir an saogh'l so crìoch.


Re miodal tlà cha 'n eisd a chluas,
 Is sgainnil għrannd cha bhuaidh'r a shìth,
 Cha għabb e eagħal a' droch-sgħeul,
 Is tuaileas brèig cha lot á chri'.

O m' anam ! dùisg is deasuich d' airm,
 'S gabh farmad ris a ghaisgeach thrèun,
 Is d' anamianna cuir fuidh chis,
 Chum rìogh'chd a cheannsach annad fēin.

Biodh d' inntin ard oscionn nan spċur,
 Cha 'n 'eil fuidh 'n għrèin ach pòrsan truagh
 Mar tholman uire faic an saogh'l,
 Is daoin' mar sheangain air mu 'n cuairt :

A nunn 's a nall gun fhois gun tàmh
 Ag cruinneach as għach áit da 'n cisid
 Gu lionmhor marcachd thair a cheik
 'S a trod gu għejr mu bħiran brist.

'N uair chi thu 'n sealladh so don t-sluagh,
 Do smuaintidh cruinnich riut gu lèir,
 A shealbhach saidhbhreas, sonas, 's sìth,
 Air nach d' thig crìoch a' d' anam féin.



AN CLAIGEAN.

SMI 'm shuigh aig an uaigh,
 Ag amharc mu bruaich,
 Feuch Clraigionn gun snuagh air làr ;
 Do thog me e-suas,
 Ag tiomach gu truagh,
 Ge thionndadh mu 'n cuairt am láimh.

Gun àille gun dreach,
 Gun aithne gun bheachd ;
 Air duine theid seach na dháil :
 Gun fhiacal na dhèud,
 No teanga na bhéul,
 No slugan a ghlèusas cail.

Gun ruiteag na ghruaídh,
 'S e rùisgte gun ghruag ;
 Gun eisdeachd na chluais do m' dhán
 Gun anail na shròin,
 No áile don fhòid,
 Ach lag far 'm bu chòir bhi árd.

Gun dealradh na shùil,
 No rosg uimpe dùn,
 No fraodhrac re h-iùl mar b' ábh'sd

Ach durroga crom,
 A chleachd bhi san tom,
 Air claodhach' da tholl nan áit.

Tha n' teanachain bha'd chìl,
 Air tiondad gu smùr,
 Gun tionnsgal no sùrd air d'fhèum :
 Gun smuainteach a' d' dháil,
 Mu philleadh gu bràth,
 A cheartach' na dh'fhag thu 'd dhéibb.

Cha 'n innis do ghnùis,
 A nise cia thù,
 Mas righ no mas diùbhe thu fèin :
 'S ionan Alastair mòr,
 Is tráille dhith lòin.
 A dh' èug air an òtrach bhréun.

Fhir dheanamh na h uaigh,
 Nach cogair thu 'm chluais,
 Co 'n clraigionn so fhuair me 'm láimh ?
 'S gu 'n cuirinn ris ceisd,
 Mu ghna mu 'n do theasd ;
 Gar am freagair e' m feasd mo dhân.

'M bu mhaighdionn deas thu,
 Bha sgianhach a' d' ghnùis,
 'S deadh shuidheach a' d' shùil da reir ?
 Le d' mhaise mar lion,
 A ribeadh mu chri,
 Gach ògainich chíodh thu fein.

Tha nise gach ágh,
 Bha coisinn duit graidh,

Air tionndadh gu gráin gach neach ;
 Marbhasc air an uaigh,
 A chreach thu don bhuaidh,
 Bha ceangailt' re snuadh do dhreach.

No 'm breitheamh ceart thù,
 Le tuigs' agus iùl,
 Bha reiteach gach cùis don t-sluagh ;
 Gun aomadh le pàirt',
 Ach dìte gu bàs,
 Na h-eucoir bha dàicheil cruaidh ?

No 'n do reic thu a chòir,
 Air ghlacaid don òr,
 O 'n dream ga 'n raibh stòras pait ?
 Is bochdan an t-sluagh,
 Fuid fhoirneart ro chruaidh,
 Aig fulang le cruas na h-airc.

'S mar raibh thusa fior,
 Ann d' oifig am beinn,
 'S gun drinn thu an dìreach fiar ;
 'S co chinnteach an nì,
 'N uair thainig do chrìoch,
 Gu 'n deachaidh do dhit' le Dia.

No n' raibh thu a d' lèigh,
 Ag leigheas nan crèuchd,
 'S a deanamh gach éugcail slán ?
 A' d'ioc-shlaintibh mòr,
 Ag deanamh do bhòsd,
 Gu 'n dibreadh tu chòir o'n bhás ?

Mo thruaighe gun thréig,
 Do leigheas thu fèin,

'N uair bha thu fuidh èugcail chruaidh :
 Gun fhoghnadh gun stà,
 Am purgaid no 'm plásd,
 Ged chumbhail aon trà o'n uaigh.

No 'n seanalair thù,
 A choisinn mor-chliù,
 Le d' shèoltachd a sdiù'r adh aim ?
 Air naimhde toirt buaidh,
 Ga 'n cur ann san ruaig,
 'S ga 'n fàgail nan cruachaibh marb :

'N robh do chloidheamh gun bheart,
 No 'n 'd fhag thu do neart,
 'N uair choinnich thu feachd na h-uaigh,
 'N uair b' eigin duit géill,
 A dhaindeoin do dhèud,
 Do dh' armait' a bhéistidh truagh ?

Tha na durraig gutréun,
 Re d' choluinn cur sèisd,
 'S ag coisne ort fèisd gach là ;
 Is claignin do chinn,
 Na ghearasdan dion,
 Aig daolagaibh dìblidh an tàmh :

Pàirt claodhach' do dhéud,
 A steach ann a' d' bhéul,
 'S cuidh eile ag rèub do chluas ;
 Dream eile nan scùd,
 Tigh'nn amach air do shùil,
 A spuinneadh 's a rùsg do ghruaidh.

No m' fear thiu bha pòit,
 Gu tric a stigh òsd,

'S tu cridheil ag òl an dram ?
 Nach iarradh dhuit fèin,
 Do fhlaitheanas Dé,
 Ach beirm a bhi 'g èiridh do cheann ?

Nach iarradh tu cheòl,
 Ach mionna mun bhòrd,
 Is feuchan co 'n dòrn bu chruaidh :
 Mar bho no mar each,
 Gun tuigse gun bheachd,
 'S tu brùchdadadh sa'sceith mun chuaich ?

Na 'n duin' thu bha gluas,
 Gu cionalta suairc,
 Gu measaradh stúam mù d' bhòrd ;
 Le miannaibh' do chrê,
 Fuidh chuibreachadh géur,
 'N am suidhe gu fèisid 's gu sògh ?

No 'n geòcaire mòr,
 Bha gionach air lòn,
 Mar choini ann am feòlach dearg ;
 Ag toileach' do mhiann,
 Bha duilich a riari,
 'S tu geilleadh mar Dhia do d' bholg ?

Tha noise do bhrù,
 Da 'n robh thu a lùb,
 Do ghaineamh 's dà ùir gle lán :
 'S do dheudach air glas,
 Mu d' theangaidh gun bhlas,
 Fuidh gheimhlichibh prais a bháis.

No morair ro mhór,
 A thachair am dhòrn,

Neach aig an robh còir air tìr ;
 Bha iochdmhar re bòchd,
 A clutchach nan nochd,
 Reir pailteas a thoic 's a nìth ?

No 'n robh thu ro chruaidh,
 A fionnadh do thuath,
 'S a tanach an gruaidh le màl ;
 Le h-agartas gèur
 A glacadh an sprèidh
 'S am bochduinn ag èimheach dàil ?

Gun chridh' aig na daoin,
 Bha'r lomadh le h aois,
 Le 'n clraiginnibh maola truagh ;
 Bhi seàsamh a' d' chòir,
 Gun bhoinead nan dòrn,
 Ge d' tholladh gaoth ~~rodt~~ an cluas :

Tha nise do thràill,
 Gun urram a' d' dhàil,
 Gun ghearsom' gun mhál' gun mhòd ;
 Mor-mholadh don bhàs,
 A chasgair thu trà,
 'S nach d' fhuiling do stràic fuidh 'n fhòid.

No 'm ministeir thù,
 Bha tagradh gu dlù,
 Re pobull ann ùghdasas Dè ;
 Ga 'm pilleadh air ais,
 Bha 'gimeachd gu brais,
 Gu h ifrinn na casgradh dhèin ?

No 'n robh thu gun sgoinn,
 Mar mhuime mu chloinn,

Gun chùram a h-oighreachd Dhè ;
 Na 'm faigheadh tu 'n rùsg,
 Bha comadh co dhiù,
 Mu 'n seannach bhi stiùbhradh an trèud ;

Leam 's cinnteach gun d' fhuair,
 Do dheanadas duais,
 'N uair rainig thu 'm Buachaille mór :
 'N uair chuairtich am bàs,
 A steach thu na laith'r,
 Thoirt cumtas a' d' thàluinn dò.

No 'n ceann thu bha lán,
 Do dh' inntleachdaibh bàis,
 Gu seolta ga 'n tàdh' r'a chèil ;
 Ga 'n cuir ann an gniomh,
 Gun umhail gun fhiamh,
 A freagradh do Dhia nan dèigh ?

'N robh teangadh nam brèug,
 Gun chuibhreach fuidh d' dhéud,
 A tog'ail droch sgèul air càch ;
 Gath puisein do bhèil,
 Mar naithir a téum,
 'S a lotadh nan cèud gach là ?

Tha i nise na támh,
 Fuidh cheangal a bháis,
 Gun sgainil a plàigh na dùthich :
 Is durraga grànnnd,
 Air lobhtha na h-àit,
 An deidh dhoibh a cnàmh gu cùl
 S mu lean thu do ghnàth,
 Gu leaba do bhàis,

Gun tionndadh na thrà re còir ;
 Car tamull na h-uair,
 Dean flaitheas don uaigh,
 Gus an gairmear thu suas gu mòd :

Mar losgann dubh grànnidh,
 Ag imeart a smag,
 Gu 'n eirich thu 'n ard o'n t slochd ;
 Thoirt coinneamh do Chrìosd,
 ' Na thigheachd aris,
 A dh' fhaotuinn lan diol a' d' olc.

N' uair theid thu fa bhinn,
 Ni cheartas do dhìt' ;
 Ga d' fhògradh gu sìorruidh uaidh :
 Gu lasair gu d' phian,
 Chuaidh dheasach 'don Diabh'l,
 'Sa mhalluchd gu dian ga d' ruag.

'N sin cruidhichidh Dia
 Do chnaïñihean mar iar'n,
 'Is d' fhethean mar iallaibh prais ;
 Is teannaichidh d' fheòil,
 Mar innein nan òrd,
 Nach cnanìñ i le mòid an teas.

No 'n ceann thu 'n robh ciall,
 Is eolas air Dia,
 'S gun d' rinn thu a riad so choir :
 Ged tha thu 'n diu rùisgt',
 Gun aithne' gun iùl,
 Gu teanga' gun sùil' gun sròn.

Gabh misneach san uaigh,
 Oir éiridih tu suas,

'N uair chluinneas tu fuaim an stuic,
 'S do thruailleach gu léir,
 Shios fàgfuidh tu d' dhéigh,
 Aig durraga breun an t-sluic.

Deasuichidh Dia,
 Do mhaise mar ghrian,
 Bhiodh 'g eiridh o sgiath na m' beann ;
 Cur fraodrac ro ghéur,
 'S na suile so fèin,
 'S iad dealradh mar réulta 'd cheann.

Do theanga 's do cháil,
 Ni ghleusa gun dàil,
 A chantuinn na áros cliu :
 Is fosglaidh do chluas,
 A dh'eisteachd re fuaim,
 A mholaidh th' aig sluagh a chuir.

'N uair dhealruicheas Críosd,
 'Na thigheachd a rìs,
 A chrùinnéach na 'm fìrean suas :
 'N sin bheir thu do leum,
 Thoirt coinneamh dha fein,
 Mar iolair nan spèur aig luaths.

N uair dh'eireas tu 'n àird
 Grad chuiridh ort fàilt.
 A mhealltuinn a chàirdeas féin,
 Gun dealach' gu bràth,
 R'a chomunn no ghrádh,
 A steach ann am Párras Dé.

Fhir chluinneas mo Dhán,
 Dean aithreahas trà,
 'M feadh mhaireas do shláint 's do bheachd;
 Mu'n d'thig ort am bàs,
 Nach leig thu gu bràs,
 Air geata nan gràs a steach.

AN GEAMHRADH.

Do theirig an samhradh,
 'S tha 'n geamhrach teachd dlù oirn,
 Fior namhaid na chinneas,
 Teachd a mhilleadh ar dùthcha:
Ga saltairt fuidh chasaibh,
 'S da maise ga rùsgadh;
Gun iochd ann re dadum,
 Ach sladadh 's a plùnnndruinn.

Sgaoil oirne a sciathàn,
 'S chuir e ghrian air a chùlubh;
 As a nead thug e 'n tàlach,
 Neo bhàigheoil ga'r sgiùrsadh:
 Sneachd iteagach glè-gheal,
 O na spèuraibh teachd dlù oirn,
 Clocha-meallain 's gaoth thuathach,
 Mar luaidh is mar fhùdar.

'N uair shèideas e annail,
 Cha 'n fhag anam am flùrain;

Tha bheillinn mar shíosar,
 Lomadh lis do gach ùr-ros :
 Cha bhi sgeudach air coille,
 No doire nach rùisg e ;
 No sruthan nach tachd e,
 Fuidh leachdanna dù'-ghorm.

Fead reòta a chlèibhe,
 Tha séideadh na doinionn,
 Chuir beirm ann san fhairge,
 'S a dh' at' garbh i na tonnaibh ;
 'S a bhinn'dich an clàmhuin,
 Air áirde gach monaidh,
 'S ghlan sgùr e na réultan,
 D' ar péile le'n solus.

Tha gach beathach is duine,
 Nach d' ullaich 'na shèason,
 Ga 'n sgiùrsa le gaillin,
 Gun talla' gun éudach :
 'S an dream a bha gniomhach,
 Fas iargolt mi-dhéirceil ;
 Nach d'thoir iasachd do leisgean,
 Ann san t-sneachda ged èug e.

Tha 'n seillean 's an seangan,
 Bha tional an stórais,
 Le gliocas gun mhearachd,
 Tabhairt aire don dòruinn :
 'G ithe bidh 's ag ol meala,
 Gun ghainne air lòn ac,
 Fuidh dhion ainn san talamh,
 O anail an reòta.

Tha na cuileoga ciatfach,
 Bha diamhain san t samhradh,
 'S na gaetheinibh gréine,
 Gu h-éibhinn a dannsa ;
 Gun deasach 'gun chùram,
 Roimh dhùdlach a gheimhridh :
 Tha iad nise a' bàsugh',
 Ann sgach àite le teanntachd.

Ach eisd rium a shean-duin'.
 'S tuig an samhladh tha 'm stòri',
 Tha 'm bàs a teachd teann ort,
 Sud an geamhradh tha 'm òran :
 'S ma gheibh e thu d' leisgean,
 Gun deasach fa' chòmhail,
 Cha dean aithreachas criche,
 Do dhionadh o'n doruinn.

Gur meithich fas diaghuidh,
 'S do chiabha air glasadhbh,
 Na 'm bearnaibh do dhèudach,
 Is d' èudan air casadh ;
 Do bhathais air rùsgadh,
 S do shùilean air prabadh,
 Agus croit ort air lùbadh,
 Chum na h ùire do leaba'.

Tha na sruthana craobhach,
 Bha sgaioileadh a' d'bhallaibh,
 Gu mireagach buailteach,
 Clis gluasadach tana ;
 A nise air traoghadh
 O n' taomachadh thairis,

O ragaich is dh' fhuardh
Teas ua'bhair na fola.

Balgsèididh na beatha,
Tha air caitheadh gun fhèum ann,
'S o chrup ann a' d' chliabh e,
Gur h-e phian bhi ga sheideadh :
Tha 'n corp a chruit chiùile ud,
Air diùltadh dhuit gléusadh ;
'S comhthir' cinnt' air a thaighuidh,
Bhi lasach' thèudan.

Theich maduinn na h'òige,
Is treòir mheadhon laeth,
Tha 'm feasgar air ciaradh,
'S tha ghrian ort a luidhe :
'S mu bha thusa diomhain,
Gun ghniomh is gun mhaiitheas ;
Gu h-ealamh bi d' dhùsgadh,
Mu'n dùintheart flaitheas.

Reir caithe na beatha,
S tric leatha gun crìoch i ;
Bidh 'n cleachda fas làidir,
Doth-fhàsach o'n ìnn-tinn :
Na labhair 'an sean-fhocal,
'S deimhin leam fior e,
“ An car theid san t-seanmhaid
“ Gur h-ainmic leis dìreadh.

Ach oganaich thréibhich
Thoairs' èisdeachd dom òran,
'S Leigh dhiot bhi mi-chéillidh,

Ann céatain na h òige :
 'I'ha aois agus éa-slaist,
 Air do dhèidh ann an tóir ort ;
 'S mu ni h-aon aca gréim ort,
 Pillidh d' aoibhneas gu brón duit.

An aois ata 'n tóir ort,
 Bheir i leòn ort nach saoil thu ;
 Air do shuilibh bheir ceathach,
 Is treabhuidh si d' aodan :
 Bheir i crith-reo mu d' ghruaige,
 'S neul uaine an aoig leis,
 'S cha d' thig aiteamh na grian ort,
 Bheir an liath-reo a chàoidh' dhiot.

Bheir na's measa na sud ort,
 Fàilne tuigse is rèusain ;
 Dìth leirsinn a d' intinn ;
 Dìth cuimhn' agus geire ;
 Dìth gliocais chum gnothaich ;
 Dìth mothaidh a d' chèudfad :
 'S gu'm fas thu mar leanabh,
 Dhìth spionnadh is céille.

Fasuidh 'n cridh' neo-aithreach,
 'S neo-ealamh chum tionndadh,
 Aon tagradh cha drùighair,
 'S cha lùb e da ionnsuidh :
 Ceart mar tha 'n talamh,
 'N am gaillinn is teannadachd ;
 Ged raibh milltin dol thairis,
 Cha dean aile san chausair.

Faic séassain na bliadhna,
 'S dean ciall uath a tharuing :
 'S mas aill leat gu'm buain thu,
 Dean ruadh'r ann san earrach ;
 Dean connadh san t samhradh,
 Ni sa gheamhradh do gharadh ;
 'S mu dhibreas tu 'n sèasan,
 Dhuit 's éigin bhi folamh.

'S mar cuir thu siol fallain,
 Ann earrach na h òige,
 Co Chinte 's am bás duit,
 Cuiridh Sàtan droch phòr ann ;
 A dh' fhàsas na dhubhailc,
 'S na luidheanna feòla :
 'S bidh do bhuain mar a chuir thu,
 Mas subhailc no dòibheart.

Ma bhios d' óige gun riaghladh,
 'S d' anamianna gun taod riu,
 Gum fas iad co fiadhaich,
 'S nach srian thu re d' aois iad :
 Am meangan nach sniomh thu,
 Cha spion thu na chraoibh e ;
 Mur shìneas e ghéugan,
 Bidh fhrèumhan a sgaoileadh.

Tha do bheatha neo-chinnteach
 O 'n tinn a bheir bâs ort,
 Uime sin bi re dìthchioll,
 Do shìth dheanamh trâthail :
 'S e milleadh gach cùise
 Bhi gun chùrum cur dàil innt' ;

'Sionann aithreachas críche,
'S bhi cur sìl mu Fheill-màrtuin.

Tha ghrian ann sna spéuraibh
Ruith reise gach laeth ;
'S i 'giorrach' do shaoghail,
Gach oidhche a luidheas :
'S alu ritheas an spàla,
Troi' shnàth'naibh do bheatha :
Tha fitheadh dhuit léine,
Ni bèisdin a chaitheamh.

'S mu ghoideas e dlù ort,
'S gun do dhùil bhì ri a theachd ;
'N sin fosglaidh do shùilean,
S chi thu chùis thair a mithich :
Bidh do choguis ge d' phianadh,
Mar scian ann a d' chridhe ;
'S co ionann a giùlan,
'S luidhe rùisgt' ann an scitheach.

Faic a chuileag ga dìte
Le sònntaibh an nàduir,
'S o dhìbir i 'n seusan,
Gur h eigin di básuch' :
Faic gliocas an t seangan,
Na thional co trathail,
'S dean eisiomplair leanail
Chum d' anam a shàbhal'.

URNUIGH.

OTIGHEARN is a Dhia na glòir,
 An t-Aird-Righ mòr oscionn gach sluaigh,
 Cia dànahd ni air t-ainm ro inhòr
 Le bilidh neóghlan bhi ag luaidh!

Na h-aingle 's airde rinneadh leat,
 Cia lag an neart! 's cià dall an iùl!
 Cia aineolach air t-oibre mòr!
 'S cià goirid air do ghlòir an cliù!

Am beachd do shùile fiorghlan fèin,
 Cha 'n 'eil na réulta 's airde glan:
 'S cha 'n 'eil na h-aingle 's naomha 'n glòir,
 Ann làthair do Mhòrachdsa gun smal.

Ach O an dean thu d' ioslach' féin,
 A dheisdeachd cnuimhe ann san ùir!
 Fuidh sdòl do chos ag ghabhail tamh,
 'S nach faic ach sgàile beag do d' ghnùis.

Na lasadh d' fhearg O Dhe nan dùl,
 Am feadh do dheanam ùrnuigh riut:
 'S mo pheacadh aidhmicheam le náir,
 'S an truailleachd ghraineil ann sna thuit.

Mo chionnt tha mar slèibhte mòr;
 Is león iad me le h-ioinadh lot:
 Ta manam bochd le 'n cudthrom brùit,
 'S o m' shùilidh fàsg 'nan dèura goirt.

An comas duit a Dhia nam feart,
 Mo shaor' gun cheartas chur air cùl !
 'S mu shaorar le do thròcair mí,
 'M bheil neach san t saogh'l a dhíteas tù !

Nach éigin duit mo sgrios gu bràth,
 Mur àichshean thu do cheartas gèur !
 Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhàg
 Mi iochd, no gràs, a' d' raoghain fèin.

Gach uile mhalluchd ata sgrìobht
 Ann d' fhocal fior le bagradh teann,
 O Tighearn thoill me áir do làimh,
 Gum biodh iad càrnucht air mo cheann.

Ge d' fhàs na neamha dubh le gruaim,
 'S mo bhual' le tarnainich do neart ;
 Ce d' thilg thu me gu ifrinn shìos,
 Gu sìorruidh aid'icheam do cheart.

Gidheadh am feud an lasair thréun
 A sgoilteas as a cheil an tuil ;
 Drùdhadh orm troi' umhlachd Chriod,
 'S mi gabhaìl dòn a steach fuidh fhuil ?

An fhuil a dhíol do cheartas teann,
 'S a dhoirtadh air a chrann gu làr,
 'Sann aisd' tha m' eárbsa, O mo Rìgh !
 Nach dìte thu manam air a sgà.

Dean m' ionnlad glan, O Dliùna na sìth !
 'S an tobar ìocshlaint bhrùchd a thaobl :
 A bheir dhomh beatha as a bhàs,
 'S o m' thraillealachd a ni mi saor.

Daingnich mo chreideamh ann na bhàs,
 Is beothaich gràdh am chridhe stigh,
 Is neartuich mè chum ùmhìlach dha,
 Ann uile áitheanta naomh a lagh.

O dean me phlanndach ann an Crìosd !
 S mo chrònach brisidh mach le blath ;
 Is bidh gach subhailc 's naomha gléus,
 Mar riheas a lùb mo ghèug gu lär.

Gach inbhe 'n cuir thu mi san t saogh'l
 Dean daonnan toilicht' me le m staid ;
 Mas bochd, no beartach, tinn, no slan,
 Do thoil gu brath biòdh deant air fad.

O 's grásmhor Dia 'n air bheir e feach !
 'S gu beachd tha DHIUI.TADH lan do GHRADH ;
 'S fior-bheannachd ann an atharach dreach ;
 Gach CROIS is CREACH a thig o laimb.

O buidheachas do Dhia nan grás
 Chuir chugam slánui'fhear nam buadh ;
 Eiric mo shaorsa chi na bhás ;
 'S an luach a pháidh air m' anam truagh.

'S e fein do chlaon a dhruim faoi m' chuail ;
 Chum manam dhìreadh suas gu Dia :
 Chosd gach tiodhlac th' agam uaith,
 Geur-chràdh is ossn' chruaidh do chliabh.

Mo smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,
 Is thoir dhamh èarlas air do ghràdh,
 A dh' fhógras m' eagal uile uam,
 'S a shaoras mi o uamhunn bàis.

'N sin atadh tonna borb a chuain,
 Is beuchda' torrann chruaidh nan speur ;
 Thigeadh crith-thalmhuin, gort, is plàigh,
 Bhios roinn a bhàis gach taobh a theid.

Bi thus' a' d' Dhia do manam fein,
 'S bidh iad gu leir dhamh 'n cairdeas gràidh ;
 Cha loisg an tein' gun ordugh uait,
 Cha sluig an cuan, 's cha sgrios a phlàigh ;

Anò feadh bhios cumhachd ann a d' làimh,
 Bidh mise sàbhailt o gach olc :
 S cha 'n eagàil leam gu 'm bi mi 'n dì,
 Gu sìorruidh nach gu 'm fas thu bochd.

Mo dhùthrachd, m' eagal, 's m' uile mhiann,
 A' m' Dhia tha còmhachadh gu leir ;
 Oir neamh, is talamh, 's ifrinn shìos,
 Ata iad do mo Rìghs' aig géill.

AN CHRIOCH.

